

Gàidhlig

Gaelic



The Scottish Parliament  
Pàrlamaid na h-Alba

# Mar a tha Pàrlamaid na h-Alba ag obair





# Dè tha ann am Pàrlamaid na h-Alba?

Chaidh Pàrlamaid na h-Alba a stèidheachadh ann an 1999. Tha i air a dèanamh de 129 buill thaghte, air a bheil Buill Pàrlamaid na h-Alba no BPA.

Thug Achd na h-Alba 1998 cumhachd do Phàrlamaid na h-Alba laghan a dhèanamh a bheir buaidh air Alba ann an iomadh cùis a bhuineas ri gnothaichean na dùthcha, agus faodaidh i ìre bhunaiteach na cìse cosnadh atharrachadh suas ri trì sgillinn san not. Tha Achd na h-Alba 2012 a' toirt cumhachdan cìse leasaichte do Phàrlamaid na h-Alba, agus thèid na cumhachdan seo a chur an gnìomh gu ann an 2016.

## Dè na cùisean a bhios Pàrlamaid na h-Alba a' co-dhùnadh?

Tha cumhachd aig Phàrlamaid na h-Alba a bhith a' dèanamh laghan air raon gnothaichean air a bheil **cùisean tiomnaichte**.

Tha cùisean tiomnaichte a' gabhail a-steach:

- tuathanachas
- ceartas catharra agus eucoireach
- foghlam
- an àrainneachd
- slàinte
- taigheadas
- riaghaltas ionadail
- dealbhadh
- seirbheisean poileis is smàlaidh
- obair shòisealta
- spòrs agus na h-ealain
- còmhhdail
- Gàidhlig

## Dè na cùisean nach bi Pàrlamaid na h-Alba a' co-dhùnadh?

Tha cuid de chùisean a bhuineas ri Alba ach aig a bheil buaidh air an RA, no buaidh eadar-nàiseanta, gan co-dhùnadh le Pàrlamaid na RA. Is e **cùisean glèidhte** a tha air na rudan seo; mar eisimpleir cùisean dùthchannan cèin, dìon, in-imrich agus sochairean sòisealta.

*i* Às dèidh reifreinn air neo-eisimileachd do dh'Alba air 18 Sultain 2014, tha pròiseas air tòiseachadh gus barrachd chumhachdan a thoirt do Phàrlamaid na h-Alba.

Togalach Pàrlamaid na h-Alba, Dùn Èideann



# Pàrlamaid na h-Alba agus Riaghaltas na h-Alba

Is e buidheann air leth bho Phàrlamaid na h-Alba a tha ann an Riaghaltas na h-Alba, le dleastanas agus obair eadar-dhealaichte.

## Pàrlamaid na h-Alba:

- a' bhuidheann ann an Alba a bhios a' dèanamh nan laghan a thaobh chùisean tiomnaichte agus a' sgrùdadh obair Riaghaltas na h-Alba
- air a dèanamh de 129 BPA
- a' taghadh Oifigear Riaghlaidh a bhios a' stiùireadh coinneamhan na Pàrlamaid agus a bhios a' riochdachadh na Pàrlamaid air an taobh a-muigh
- suidhichte ann an togalach Thaigh an Ròid aig bonn Mile Rìoghail Dhùn Èideann.

## Riaghaltas na h-Alba:

- a' deasachadh poileasaidh agus a' cur poileasaidh an gnìomh a thaobh chùisean tiomnaichte
- mar as trice air a dhèanamh bhon phàrtaidh aig a bheil an àireamh as motha de sheataichean ann am Pàrlamaid na h-Alba
- bidh am Prìomh Mhinistear aig a cheann agus bidh e/i a' taghadh Rùnairean Caibineit agus Ministearan a bhios san riaghaltas cuideachd
- suidhichte ann an togalaichean air feadh na h-Alba, leis na prìomh oifisean ann am meadhan Dhùn Èideann agus Ghlaschu.

*Pàrlamaid na h-Alba (cli); togalach Riaghaltas na h-Alba aig Cidhe Bhictòria*



**Tha Riaghaltas na h-Alba agus Pàrlamaid na h-Alba cunntachail do mhuinntir na h-Alba tro thaghaidhean.**

### Pàrlamaid na h-Alba

Bidh slugh na h-Alba a' taghadh 129 BPA do Phàrlamaid na h-Alba.

Is i Pàrlamaid na h-Alba a' bhuidheann a bhios a' dèanamh nan laghan.

Tha Ministearan Riaghaltas na h-Alba cunntachail do Phàrlamaid na h-Alba.

### Riaghaltas na h-Alba

Bidh BPA a' taghadh aon BPA mar Phrìomh Mhinistear, mar as trice bho liosta thagraichean.

Faodaidh am BPA a chaidh a thaghadh mar Phrìomh Mhinistear Rùnairean Caibineit agus Ministearan ainmeachadh, ach feumaidh a' Phàrlamaid gabhail riutha.

# Ciamar a tha BPA gan taghadh airson Pàrlamaid na h-Alba?

Aig taghadh Pàrlamaid na h-Alba tha dà bhòt aig a h-uile neach-bhòtaidh – aon airson na sgìre-pàrlamaid aca agus aon airson na roinne.

Tha gach duine ann an Alba ga riochdachadh le aon BPA sgìreil agus seachd BPA roinneil. Tha inbhe cho-ionnan aig a h-uile BPA anns a' Phàrlamaid agus faodaidh luchd-taghadh fios a chur gu duine sam bith den ochdnar a tha gan riochdachadh.

Is àbhaist do thaghadhean do Phàrlamaid na h-Alba tachairt a h-uile ceithir bliadhna. Is e Siostam Ball a-Bharrachd an t-ainm a tha air an t-siostam bhòtaidh a tha ga chleachdadh agus is e seòrsa de riochdachadh co-roinneil a tha ann (AMS).


Le aon bhòt, nì daoine roghainn eadar na tagraichean a tha a' seasamh anns an sgìre-phàrlamaid aca. Is e an tagraiche leis an àireamh as motha de bhòtaichean a gheibh an seata. Tha 73 BPA sgìreil ann uile gu lèir.

Tha an dàrna bhòt airson pàrtaidh poilitigeach, no airson duine a sheasas gu neo-eisimeileach, ann an roinn-taghadh nas motha air a bheil roinn Pàrlamaid na h-Alba mar ainm. Tha ochd roinnean Pàrlamaid na h-Alba ann. Tha seachd seataichean aig a h-uile roinn anns a' Phàrlamaid. Anns gach roinn, bidh pàrtaidhean a' faighinn sheataichean a rèir cia mheud bhòt a fhuair iad anns a' bhaileat roinneil agus cia mheud seata sgìre-pàrlamaid a fhuair iad. Is e buill roinneil an t-ainm a tha air na 56 buill a gheibh seata anns an dòigh seo.

**Tha 129 BPA ann: 73 BPA sgìre-pàrlamaid agus 56 a' riochdachadh nan ochd roinnean mòra.**

- Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba
- Pàrtaidh Làbarach na h-Alba
- Libearalaich Dheamocratach na h-Alba
- Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba

Seataichean sgìre pàrlamaid air am buannachadh ann an 2011, a rèir pàrtaidh



Àite-bhòtaidh (gu h-àrd) agus bogsa baileit (gu h-ìosal)







# Dè bhios BPA a' dèanamh?



Bidh BPA a' riochdachadh luchd-taghadh na sgìre/roinne air gnothaichean a bhios Pàrlamaid na h-Alba a' co-dhùnadh, leithid foghlam, slàinte agus an àrainneachd.

Mar as trice, bidh BPA ag obair anns na sgìrean aca Diluain agus Dihaoine. Is e Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin na prìomh làithean gnothaich anns a' Phàrlamaid nuair a bhios BPA a' frithealadh choinneamhan comataidh agus deasbadan agus a' bhòtadh anns an t-Seòmar. A thuilleadh air seo, bidh mòran BPA a' cumail fhreastal-lannan anns na sgìrean aca no a' dol gu coinneamhan eile air an oidhche agus aig ceann na seachdain.

Tha a' mhòr-chuid de BPA nam ball de co-dhiù aon chomataidh Pàrlamaid na h-Alba, agus bidh mòran ag obair mar neach-labhairt a' phàrtaidh aca air cuspair sònraichte leithid ceartas, foghlam no slàinte.

Ann a bhith a' riochdachadh luchd-taghadh na sgìre/roinne aca faodaidh BPA:

- gluasad a mholadh airson taic fhaighinn do chùis shònraichte no airson deasbad anns a' Phàrlamaid
- coinneamhan comataidh a fhrithealadh
- bruidhinn ann an deasbad
- bile a thoirt a-steach airson an lagh atharrachadh
- atharrachadh air bile a mholadh
- ceist a chur air Riaghaltas na h-Alba
- cùisean a chur air beulaibh dhaoine is bhuidhnean eile no ceistean a chur orra
- ceist a chur air Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba.




# Dè na pàrtaidhean poilitigeach a tha gan riochdachadh ann am Pàrlamaid na h-Alba?

An dèidh a' cheathramh taghaidh choitchin gu Pàrlamaid na h-Alba air 5 Cèitean 2011, fhuair Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba (SNP) mòr-chuid iomlan. Seo an àireamh sheataichean a bhuannaich gach pàrtaidh:

- Pàrtaidh Nàiseanta na h-Alba 69
- Pàrtaidh Làbarach na h-Alba 37
- Pàrtaidh Tòraidheach na h-Alba 15
- Libearalaich Dheamocratach na h-Alba 5
- Am Pàrtaidh Uaine 2
- Chaidh aon BPA neo-eisimeileach a thaghadh cuideachd.

- SNP
- Làbaraich
- Tòraidhean
- Libearalaich Dheamocratach
- Uaine
- Neo-eisimeileach



Plana an t-Seòmair, An Cèitean 2011

Aig an àm seo, 's e riaghaltas mòr-chuid bhon SNP a th' ann an Riaghaltas na h-Alba. Roimhe, fhuaras riaghaltas beag-chuid no riaghaltasan co-bhoinn.



Tòraidhean

Prìomh Mhinistear agus Ministearan Riaghaltas na h-Alba

Libearalaich Dheamocratach

Uaine

Neo-eisimeileach

An t-Oifigear Riaghlaidh

Làbaraich

SNP

Mar as trice bidh BPA nan suidhe còmhla ri buill eile den phàrtaidh aca san t-Seòmair Deasbaid. Coinneamh den Phàrlamaid san t-Seòmair, An Cèitean 2011 (gu h-àrd)





## Dè bhios an t-Oifigear Riaghlaidh a' dèanamh?

Aig toiseach seisean pàrlamaid às dèidh taghadh coitcheann thèid aon BPA a thaghadh le càch a bhith na (h-) Oifigear Riaghlaidh. Thèid dithis BPA a thaghadh cuideachd mar Leas-oifigearan Riaghlaidh.

Bidh an t-Oifigear Riaghlaidh:

- a' stiùireadh choinneamhan Pàrlamaid
- a' stiùireadh coinneamhan Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba
- a' riochdachadh na Pàrlamaid ann an conaltradh le buidhnean pàrlamaideach agus buidhnean riaghaltais eile.
- a' riochdachadh na Pàrlamaid aig tachartasan air feadh na h-Alba agus thall thairis.

Tha ceithir buill ann am Buidheann Chorporra Pàrlamaid na h-Alba (SPCB) a thèid a thaghadh leis a' Phàrlamaid bho na BPA. Bidh an SPCB a' co-dhùnadh ciamar a thèid a' Phàrlamaid a ruith agus a' solarachadh an luchd-obrach agus seirbheisean a dh' fheumas a' Phàrlamaid airson a h-obair a choileanadh.

*i* Chan eil taobh aig an Oifigear Riaghlaidh ri pàrtaidh sam bith fhad 's a tha e no i san dreuchd ach bidh e/i a' frithealadh ri luchd-taghadh mar BPA sgìreil no roinneil.



*Tha an t-Oifigear Riaghlaidh, Tricia Marwick (gu h-àrd) agus na Leas-oifigearan Riaghlaidh (gu h-ìosal, cli) Iain Scott BPA, (gu ìosal deas) Elaine Nic a' Ghobhainn BPA, agus iad anns a' chathair aig coinneamhan na Pàrlamaid*



# Ciamar a tha gnothaichean pàrlamaid gan cur air dòigh?

Tha Biùro na Pàrlamaid air a dhèanamh de bhuidheann BPA a' riochdachadh nam pàrtaidhean agus nam buidhnean poilitigeach anns a' Phàrlamaid aig a bheil còig seataichean no barrachd. Bidh iad a' coinneachadh gu cunbhalach gus prògram gnothaichean na Pàrlamaid a mholadh.

**i** Tha clàr den a h-uile càil a thathar ag ràdh aig a h-uile coinneimh phoblaich den Phàrlamaid agus na comataidhean, ga fhoillseachadh anns an Aithisg Oifigeil.

**i** Faodaidh am poball tiogaidean a chlàradh airson coinneamhan na Pàrlamaid agus nan comataidhean.

Tha dà phrìomh dhòigh-obrach aig a' Phàrlamaid:

## Coinneamhan na làn-Phàrlamaid

Faodaidh a h-uile BPA na coinneamhan seo a fhrithealadh, agus is àbhaist dhaibh a bhith air Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin anns an t-Seòmar Deasbaid. Bidh a h-uile pàrtaidh a' faighinn ùine san t-Seòmar a rèir na th' aca de BPA.

## Coinneamhan comataidh

Is e buidheann bheag de BPA a th' ann an comataidh, a bhios a' gabhail beachd air cuspair sònraichte, leithid ceartas no slàinte. Mar as trice, thèid coinneamhan comataidh a chumail madainn Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin.

*Coinneamh Pàrlamaid anns an t-Seòmar Deasbaid; coinneamh comataidh ann an seòmar comataidh (gu h-ìosal)*







*Daoine aig tachartas san Fhèis Poilitigs (gu h-àrd) agus BPA a' coinneachadh san t-Seòmar Deasbaid (gu h-ìosal)*

## Dè bhios a' tachairt san t-Seòmar Deasbaid?

A thuilleadh air a bhith a' co-dhùnadh air laghan ùra, faodaidh gnothaichean na Pàrlamaid a bhith a' gabhail a-steach:

**Àm Cnuasachaidh:** Seo nuair a bhios daoine a fhuair cuireadh a bhruidhinn air beulaibh na Pàrlamaid a' dèanamh òraid airson suas ri ceithir mionaidean. Mar as trice is e Àm Cnuasachaidh a' chiad chuspair gnothaich den t-seachdain.

**Deasbadan:** Seo nuair a bhios BPA a' beachdachadh air cuspair anns a' Phàrlamaid. Mar as trice bidh deasbad stèidhichte air gluasad. Is e moladh a tha seo a bhios ga bheachdachadh agus ga cho-dhùnadh leis a' Phàrlamaid no le comataidh.

**Àm-cheistean a' Phrìomh Mhinistear:** Seo nuair a bhios BPA a' cur cheistean air a' Phrìomh Mhinistear. Tha an t-Oifigear Riaghlaidh a' taghadh sia ceistean.

**Àm nan Ceistean:** Seo nuair a bhios BPA a' cur cheistean air Rùnairean Caibineit agus Ministearan. Tha àm ga shònrachadh airson cheistean coitcheann agus àm eile airson cheistean air cuspairean làithreach is cuspairean àraidh.

**Aithrisean ministreil:** Bidh Ministearan a' cleachdadh aithrisean airson innse don Phàrlamaid mu chùisean èiginn no airson gnothaichean poileasaidh a ghairm. Às dèidh na h-aithris gheibh BPA cothrom ceistean fhaighneachd.

**Àm Co-dhùnaidh:** Seo nuair a bhios BPA a' co-dhùnadh air na gluasadan a bha iad a' deasbad air an latha sin, glè thric le bhòt. Mar as trice bidh an t-Àm Co-dhùnaidh aig 5:00f Dimàirt, Diciadain agus Diardaoin.

**Gnothaichean nam Ball:** Is e deasbad a tha seo a bhios ga mholadh le BPA nach eil na b(h)all de Riaghaltas na h-Alba. Is àbhaist don chuspair a tha ga dheasbad buntainn ri cùisean sgìre a' Bhuill fhèin no ri rud a tha gu sònraichte a' togail ùidh a' Bhuill.



Is ann san t-Seòmar Deasbaid a bhios coinneamhan den làn-Phàrlamaid gan cumail. Sin far am bi BPA a' deasbad cùisean an latha agus a' co-dhùnadh air laghan ùra. Bithear ga chleachdadh cuideachd airson grunn thachartasan far am bi aoighean agus am poball a' gabhail pàirt.



# Ciamar a tha comataidhean ag obair?

Eu-coltach ri Pàrlamaid na RA aig Westminster, is e Pàrlamaid aona-sheòmair a th' ann am Pàrlamaid na h-Alba, gun dàrna seòmair no àrd-thaigh, agus air an adhbhar sin tha àite cudromach aig na comataidhean.

Tha gach comataidh fo stiùir neach-gairm, agus aig an àm seo tha seachdnar no naoinear BPA mar bhuill sa mhòr-chuid aca. Tha na buill gan taghadh a rèir co-roinn nan seataichean a tha aig gach pàrtaidh is buidheann sa Phàrlamaid.

Faodaidh comataidh iarraidh air duine sam bith a bhith na neach-fianais. Bidh luchd-fianais a' toirt seachad fianais no sgrìobhainnean a bhuineas ri gnothach na comataidh.

A rèir riaghailtean na Pàrlamaid, feumaidh a' Phàrlamaid grunn chomataidhean àithnteil (mandatory) a chur air bhonn. Am measg na tha seo tha Comataidh nan Athchuingean Poblach agus Comataidh Sgrùdadh Poblach. Faodaidh a' Phàrlamaid comataidhean cuspaireil a stèidheachadh cuideachd airson sealltainn ri roinnean poileasaidh mar cheartas, foghlam agus slàinte. Agus, faodar comataidhean ad hoc a stèidheachadh gus beachdachadh air cuspairean sònraichte no pìosan reachdais.



Is àbhaist do chomataidhean an cumail air beulaibh an t-sluaigh agus faodaidh iad coinneachadh ann an àite sam bith an Alba.




Tha obair comataidh a' gabhail a-steach:

**Reachdas:** Faodaidh comataidhean beachdachadh air, agus atharrachaidhean a mholadh air, laghan ùra. Faodaidh iad cuideachd laghan ùra a mholadh iad fhèin ann an riochd bilean comataidh.

**Rannsachadh:** Faodaidh comataidhean cuspair sam bith a rannsachadh a tha san raon-ùghdarrais aca, agus aithisg fhoillseachadh air na molaidhean aca. Dh'fhaodte an uair sin gun tèid beachdachadh air an aithisg aig coinneamh na làn-phàrlamaid.

**Obair eile:** Faodaidh comataidhean cuideachd beachdachadh agus aithris air poileasaidh agus obair Riaghaltas na h-Alba, air reachdas Eòrpach, fo-reachdas agus athchuingean poblach a tha san raon-ùghdarrais aca.

Coinneamh comataidh



BPA

Neach-gairm

Clàrc

Aithisg Oifigeil

Na meadhanan agus am poball

Fianaisean





# Ciamar a bhios a' Phàrlamaid a' dèanamh laghan?

Faodar bile poblach airson lagh cumanta na h-Alba atharrachadh a thoirt a-steach don Phàrlamaid le buill Riaghaltas na h-Alba, comataidhean pàrlamaideach no le BPA fa leth. Faodar bile prìobhaideach a thoirt a-steach le buidheann, le companaidh no le duine fa leth airson cumhachdan a thoirt dhaibh rudan sònraichte a dhèanamh nach biodh ceadaichte do dhaoine eile.

## Ìrean Bile

Tha an seòrsa slighe a bhios aig bile tron Phàrlamaid a' crochadh air dè seòrsa bile a tha ann, ach mar as trice bidh trì ìrean ann:

**Ìre 1:** Bidh na comataidh(ean) pàrlamaideach iomchaidh a' cruinneachadh fianais air a' bhile agus a' dèanamh aithisg air na bun-phrionnsabalan aige. An uair sin, bidh coinneamh na Pàrlamaid a' beachdachadh air an aithisg agus a' deasbad a bheil iad ag aontachadh ris na bun-phrionnsabalan sin. Ma dh'aontaicheas iad, bidh am Bile a' dol gu ìre 2. Mura h-aontaich, bidh am Bile a' tuiteam.

**Ìre 2:** Tha am Bile ga bheachdachadh gu mionaideach le comataidh no, uaireannan, le Comataidh den Làn-phàrlamaid. Faodar am Bile atharrachadh aig an ìre seo.

**Ìre 3:** Tha am Bile ga bheachdachadh a-rithist aig coinneamh Pàrlamaid. Faodar tuilleadh atharrachaidhean a dhèanamh aig an ìre seo agus bidh a' Phàrlamaid a' bhòtadh am bu chòir gabhail ris a' bhile anns an riochd dheireannach aige.

Nuair a thèid gabhail ri bile, tha ceithir seachdainean ann nuair a dh'fhaodar dùbhlán a thogail na aghaidh ma thathar den bheachd nach eil e a' tighinn fo chumhachdan reachdais Pàrlamaid na h-Alba. Mura faigh e dùbhlán thèid e don Oifigeir Riaghlaidh airson a chur air beulaibh A Mòrachd a' Bhanrigh airson aonta rìoghail.

Nuair a gheibh e aonta rìoghail, bidh Bile a' dol na Achd Pàrlamaid na h-Alba. Bidh cuid de dh'Achdan, no earrainnean Achdan, a' tighinn gu èifeachd cho luath 's a gheibh iad aonta rìoghail. Ach, bidh Riaghaltas na h-Alba glè thrì a' sònrachadh ceann(cinn)-latha nuair a thig Achd, no pàrtean dhith, gu èifeachd.

**i** Bidh Pàrlamaid na h-Alba a' beachdachadh air agus a' dèanamh laghan ùra do dh'Alba air cùisean tiomnaichte. Tha molaidhean airson laghan ùra gan toirt a-steach don Phàrlamaid mar bhilean.



# Achdan Pàrlamaid na h-Alba



Anns a' chiad 15 bliadhna de Phàrlamaid na h-Alba ghabhadh ri còrr is 220 bile agus chaidh iad nan Achdan Pàrlamaid na h-Alba.

Seo eisimpleirean de dh'Achdan Pàrlamaid na h-Alba:

Thug an **Achd Cùram Coimhearsnachd is Slàinte (Alba) 2002** a-steach grunn cheuman airson feuman cùraim seann daoine ann an Alba a choileanadh, a' gabhail a-steach cùram banaltraim agus cùram pearsanta an-asgaidh.

Thug **Achd Saorsa an Fhiosrachaidh (Alba) 2002** còir laghail do dhaoine fiosrachadh fhaighinn a tha ga chumail le raon farsaing de bhuidhnean poblach Albannach, a' gabhail a-steach Pàrlamaid na h-Alba, Riaghaltas na h-Alba agus comhairlean ionadail.

Thoir misg an **Achd Smocadh, Slàinte agus Cùram Sòisealta (Alba) 2005** smocadh ann an àiteachan poblach leithid taighean-seinnse agus taighean-bidhe. Thug i a-steach cuideachd sgrùdaidhean an-asgaidh do na h-uile air fiaclan is sùilean.

Thug an **Achd Àiteachan-parcaidh Luchd-ciorraim (Alba) 2009** còir laghail do luchd-ciorram air àiteachan-parcaidh sònraichte gus nach biodh daoine aig nach robh cead a' parcadh annta.

Thug **Achd Pòsaidh is Com-pàirteachasan Sìobhalta (Alba)** a-steach pòsadh aon-ghnèitheach agus clàradh creideimh/ feallsanachdail de chom-pàirteachasan sìobhalta.



# Ciamar a gheibh mi barrachd fiosrachaidh?

- Tha a h-uile rud a dh'fhoillsicheas Pàrlamaid na h-Alba ri fhaighinn air an làraich-lìn aice [www.parlamaid-alba.org](http://www.parlamaid-alba.org), a' gabhail a-steach an Iris Ghnothaichean far am faighear clàr-ama làthaireil na Pàrlamaid, agus an Aithisg Oifigeil.
- Faodaidh sibh deasbadan, agus a' mhòr-chuid de choinneamhan comataidh, a leantainn beò air an eadar-lìon, leis an t-seirbheis craolaidh-lìn againn. Gheibhear ceangal ris an eadar-lìon aig a' mhòr-chuid de leabharlannan ann an Alba.
- Faodaidh sibh tadhal air a' Phàrlamaid airson gnothaichean fhaicinn anns an t-Seòmar-deasbaid no ann an seòmar comataidh. Airson tiogaidean a chur air dòigh, cuiribh fios gu Deasga Fiosrachaidh an Luchd-tadhail anns an Talla a' Phobaill, fòn 0131 348 5200 no 0800 092 7600, no post-d [sp.bookings@scottish.parliament.uk](mailto:sp.bookings@scottish.parliament.uk)
- Faodaidh sibh lethbhreacan de bhileagan eile san t-sreath seo iarraidh no an leughadh agus ceistean coitcheann fhaicinn air an làraich-lìn againn.

Airson tuilleadh fiosrachaidh mu Phàrlamaid na h-Alba, cuiribh fios air **Seirbheis na Gàidhlig**:



Seirbheis na Gàidhlig  
Pàrlamaid na h-Alba,  
Dùn Èideann,  
EH99 1SP



0800 092 7500  
no 0131 348 5395 (Gàidhlig)  
0131 348 5000 (Beurla)

Cuiridh sinn fàilte cuideachd air gairmean tron t-seirbheis Text Relay.



Cuir teacs gu Pàrlamaid na h-Alba air:  
07786 209888



[gaidhlig@scottish.parliament.uk](mailto:gaidhlig@scottish.parliament.uk)



[www.parlamaid-alba.org](http://www.parlamaid-alba.org)



[@ParlAlba](https://twitter.com/ParlAlba)



[parlamaidalba.wordpress.com](http://parlamaidalba.wordpress.com)



[/ScotParl](https://www.facebook.com/ScotParl)

Airson lethbhreac den bhileig seo ann an cànan no cruth eile, leig fios thugainn.